



Diardaoin 14 gu Didòmhnaich 31 Faoilleach 2016

Leanaibh am fiosrachadh aig @ccfest

www.celticconnections.com

PRÒGRAM CELTIC CONNECTIONS 2016 AIR AINMEACHADH

Chaidh am prògram airson **Celtic Connections 2016** ainmeachadh an-diugh (Dimàirt 20 Dàmhair) leis an **Stiùiriche Ealanta, Dòmhnall Seaghach**.

Bho **Dhiardaoin 14 gu Didòmhnaich 31 Faoilleach**, bidh **2,500 neach-ciùil** bho air feadh an t-saoghail a' cruinneachadh ann an **Glaschu** airson **18** làithean de chuirmean-ciùil, cèilidhean, òraidean, taisbeanaidhean ealain, bùithtean-obrach, tachartasan an-asgaidh, seiseanan deireadh-oidhche agus raon de cho-obrachaidhean ciùil sònraichte eile.

Tha na rionnagan à saoghal tuath-cheòl is ceòl freumhaichte a bhios a' coileanadh an cuid ealain air **26 àrd-ùrlaran aig ionadan-cruinneachaidh air feadh a' bhaile**, a' gabhail a-steach **Rickie Lee Jones, Na Chieftains, Lau, Na Unthanks, Béla Fleck, Moving Hearts, Robert Plant, Lucinda Williams, Admiral Fallow, Toumani Diabaté, Karine Polwart, Boys of the Lough**, agus **Larry Carlton**.

Le luchd-ealain bho **Mhongòilia A-staigh gu Árd Mhacha, Seanagal gu An Eadailt**, agus **A' Bhreatainn Bheag gu Innse Gall gu Manatòba a Deas** a' coileanadh aig an fhèis, tha Celtic Connections 2016 gu bhith mar as àbhaist na fhìor fhèist de thàlant ciùil bho chultaran is dùthchannan air feadh na cruinne-cè.

Bidh **A' Chuirm Fosglaidh** a' comharrachadh **50 bliadhna de Chomann Òrain is Ciùil Traidiseanta na h-Alba (Traditional Music & Song Association of Scotland)** leis an stiùiriche ciùil **Siobhan Miller** aig an stiùir.

Bidh Ceanglaichean Teaghlaich follaiseach aig fèis na bliadhna seo cuideachd, tro thaisbeanaidhean a bhios a' gabhail a-steach cuirmean-ciùil leis **Na Wainwright Sisters**, agus **They Might be Giants** a' coileanadh aig nòin-chluich sònraichte do chloinn.

Tha **Jason Isbell**, **Sturgill Simpson** agus **John Grant** am measg rionnagan **New Americana** a bhios a' gabhail chun an àrd-ùrlair aig an fhèis.

Thèid **Pilgrimage** a rannsachadh tro shreath de choileanaidhean, a' gabhail a-steach ath-mheòrachadh air **Hejira**, an albam bho 1976 aig **Joni Mitchell** – a tha a' rannsachadh thèaman an turais leantainnich againn uile tro ar beatha – le **Seumas Robasdan**.

Aig an aon àm, tha **Drift** air a bhrosnachadh leis an sgeulachd fhìor aig Betty Mouat, bana-chroitear à Sealtainn, a chuir seachad ochd latha air a siabadh leis an t-sruth leatha fhèin sa Chuan a Tuath.

Tha Celtic Connections a' coimhead ris an àm ri teachd le moit agus uaill a thuilleadh air a bhith a' comharrachadh an ama a dh'fhalbh. Tha **Blarvuster** aig **Matthew Welch**, an **Aidan O'Rourke Trio** agus **Soumik Datta & Bernhard Schimpelsberger: Circle of Sound** am measg iadsan a bhios fon an t-solas ann an **ionad-cruinneachaidh ùr** aig an fhèis, agus **Taigh-grùide Drygate** a' riochdachadh dual ùr, **The Shape of Folk to Come**.

Bithear a' comharrachadh sreath de **chinn-bliadhna** chudromach, le subhachasan de **Aly Bain at 70** ann an taisbeanadh àrd-ùrlair fon tìotal **Le Grande Anniversaire** agus còmhla ris bidh a cho-oibriche fad-ùine **Phil Cunningham**, gus 30 bliadhna de bhith a' coileanadh còmhla a chomharrachadh.

Bidh **Bwani Junction** a' coileanadh **Graceland**, 30 bliadhna às dèidh don albam chlasaigeach aig Pòl Simon a bhith air a foillseachadh. Bidh ceathrar de na buill thùsail a bha sa chlàradh a' coileanadh aig an tachartas fìor shònraichte seo.

Bidh sreath de chuirmean-ciùil, **In the Tradition**, a' comharrachadh **pìobaireachd** agus **ceòl Gàidhlig**. Cuiridh oidhcheannan air an ainmeachadh fa leth dha **Gordon Duncan** agus **Pìobairean Árd Mhacha** agus cuirm-chiùil ag ath-chuimhneachadh an tachartais chliùitich **Live in Ireland 78** a' cur spionnadh is cumhachd na pìoba gu teis-meadhain an àrd-ùrlair. Bidh cuirm-chiùil shònraichte a' comharrachadh na **30^{mh} ceann-bliadhna aig Fèis Rois**, ceòl bho **Anna Latharna Nic'Illosa**, agus cuirm fon tìotal **Gàidhlig meets Gaelic Americana** le **Gillebrìde Mac IlleMhaoil** agus **Kyle Carey**, air am mòr-mheas leothasan a tha a' leantainn an dà thraidisean sin, a tha fhathast cho ùr, beòthail agus tarraingeach 's a bha iad a-riamh.

Bidh an **t-Seann Chaidreachas** eadar Alba agus an Fhraing aig teis-meadhain àrd-ùrlair **Mòr-thaisbeanadh Alba (Showcase Scotland)** agus an fhèis **a' comharrachadh na Frainge mar chom-pàirtiche dùthcha airson 2016** agus an 10^{mh} ceann-bliadhna den chàraideadh eadar Glaschu agus Marseille.

Mar chomharradh air a' chàraideadh leis an Fhraing, tha an fhèis toilichte ainmeachadh gu bheil **Taigh-grùide Drygate** a-rithist a' cruthachadh lionn ciùird ùr le lusanaidhean Frangach, a bhios ri fhaotainn anns na h-ionadan-cruinneachaidh aig an fhèis.

Tha **Mòr-thaisbeanadh Alba (Showcase Scotland)** stèidhichte air teachdairean agus air aogheachd ann am baile-mòr Ghlaschu thairis air ceithir latha aig àm Celtic Connections. Bidh stiùirichean ciùil agus luchd-prògramaidh nam prìomh fhèisean is ionadan-cruinneachaidh bho air feadh an t-saoghail, a' frithealadh an tachartais far am bi timcheall air 60 sgrìobhaiche-ciùil, còmhlan-ciùil agus neach-ciùil air an taisbeanadh. Bidh Fèill Mhalairt air a cumail mar àrd-ùrlar a bharrachd do luchd-adhartachaidh agus cothrom a thoirt dhaibh air coinneachadh ri luchd-ealain agus an riochdairean gus comasachd air tachartasan san àm ri teachd a dheasbad.

Aig teis-meadhain na fèise, tha am **Prògram Foghlaim** a tha air mòran duaisean a chosnadh, agus a bhios a' faicinn nam mìltean de chloinn a' frithealadh chuirmean-ciùil maidne an-asgaidh, a' cur eòlas air ceòl beò à Alba agus àiteachan nas fhaide air falbh. Bidh suas ri **11,400 neach-cloinne** a' gabhail pàirt ann am Prògram Foghlaim Celtic Connections do sgoiltean tro fhèis 2016, le cothroman a bhios a' gabhail a-steach **còig chuirmean maidne an-asgaidh**.

Tha Celtic Connections a' leantainn air adhart le dleastanas deatamach a thaobh àrach tàlant òg agus ùr. Bho 1999 ann an Glaschu a-mhàin, tha Prògram Foghlaim Celtic Connections air pròiseactan a libhrigeadh gu còrr air **80 sa cheud** de sgoiltean Ghlaschu, le **còrr air 90 sa cheud** den àireamh sin sna bun-sgoiltean, le àireamh iomlan de chòrr air **90,000** neach-cloinne is daoine òga a' faotainn buannachd às a' phrògram. Gu nàiseanta, tha an àireamh sin ag èirigh gu barrachd air **185,000** neach-cloinne is daoine òga bho air feadh Alba.

A thuilleadh air bùithtean-obrach sgoile, bidh còrr air **60** bùith-obrach phoblach do gach aois agus comas gan cumail bho mhadainn gu feasgar thar gach aon de na trì dheireadh-seachdainean. Am measg nan nithean cudromach, bidh **Sgoil Ukulele** air a stiùireadh le

Finlay Allison agus **The Fiddle Village** air a stiùireadh le **Alasdair Fraser** agus **Natalie Haas**.

Tha sinn cuideachd a' cur fàilte air ais air **Orcastra Nàiseanta Rìoghail na h-Alba** agus **Orcastra Siomfanaidh Albannach a' BhBC**.

Tha an latha deireannach aig Celtic Connections, **Didòmhnaich 31 Faoilleach**, a' gabhail a-steach cuirm san **Old Fruitmarket** mar thaic do **Stèidheachd Bert Jansch**, a tha ag amas air taic carthannais a chur ris an ath ghinealach de luchd-ciùil fuaimhe. Bidh **Robert Plant**, **Bernard Butler**, **Archie Fisher** agus **Jacqui McShee** a' coileanadh còmhla ri aoi ghean speisealta eile a thèid ainmeachadh ann am ***Bert Inspired: A Concert for Bert Jansch***.

Thuir **Dòmhnall Seaghach**, **Stiùiriche Ealanta Celtic Connections**: “Tha Celtic Connections freumhaichte ann an gràdh do cheòl traidiseanta, ceòl tuatha agus ceòl cruinneil. Bho thoiseach gnothaich, tha an dìoghras, an sgil agus am boil a tha cuirm-chiùil beò aig Celtic Connections a' piobrachadh, air ar spreagadh gu am prògram a chur ri chèile gach bliadhna.

“A thaobh 2016, tha sinn a' toirt còmhla rionnagan iomraiteach agus gaisgich chliùiteach, tàlant ùr agus luchd-ealain a bha ainmeil fada mus deach a' chiad Celtic Connections a chur a-riamh air àrd-ùrlar.

“Am-bliadhna, tha sinn a' fighe sgeulachdan taistealachd, trasnadh mòr-roinnean, tha sinn a' comharrachadh chinn-bliadhna agus an t-Seann Chaidreachas. Tha àireamh mhòr de chuirmean-ciùil ri fhilleadh a-steach do 18 làithean, thigibh còmhla rinn nuair a thilleas Celtic Connections san Fhaoilleach seo tighinn.”

Thuir an **Comhairliche Eàrdsaidh Greumach**, **Cathraiche Ghlaschu Beò**: “Is e baile a chuireas fàilte is furan a th' ann an Glaschu a tha moiteil às a dhualchas agus a' gabhail gu dàimheil ri iomadachd. Gach mìos Faoillich, tha sinn a' toirt aoi gheachd do fhèis a tha ann an iomadach dòigh na sgàthan don bhaile againn fhìn.

“Tha Celtic Connections a' toirt còmhla luchd-ciùil bho air feadh an t-saoghail airson comharrachadh de thraidiseanan ciùil, na nithean as fheàrr de na th' ann de cheòl co-aimsireil tuatha is cruinneil, agus na dòighean sa bheil diofar chultaran ciùil ag eadar-fhighe, spreagail agus an-còmhnaidh tarraingeach.

“Tha an t-eòlas agus an sgil a tha a’ stiùireadh Celtic Connections, a’ deàlradh cuideachd troimhe ann am prògram foghlaim a tha na bhuannachd do mhiltean de chloinn air feadh Ghlaschu agus Alba. Tha cothroman thar luach a’ saidhbhreachadh beatha agus a’ tairgsinn cothroman airson ionnsachadh, tlachd, agus a bhith mar phàirt de thachartas ciùil Celtic Connections a tha an-còmhnaidh mìorbhaileach agus gun choimeas.”

Thuir **Ian Smith, Manaidsear Fòilìo Ciùil, Alba Chruthachail**: “Tha Celtic Connections mar aon de na fèisean ciùil as fheàrr air an t-saoghal, agus tha a làthaireachd chruinneil a chaidh a stèidheachadh ann an ùine cuibheasach goirid, a’ dearbhadh a h-àite mar aon de ulaidhean cruthachail na h-Alba.

“Gach mìos Faoillich, tha sinn a’ cruinneachadh ann an Glaschu ann am meadhan a’ gheamhraidh gus a bhith air ar beò-ghlacadh ’s air ar spreagadh le ceòl iongantach bho air feadh an t-saoghail, ach le freumhaichean agus traidiseanan stèidhichte gu daingeann ann an Alba. Chì sinn seo agus an TMSA a’ comharrachadh 50 bliadhna sa chuir fosglaidh. Le Mòr-thaisbeanadh Alba (Showcase Scotland) na theis-meadhain, tha Celtic Connections a’ riochdachadh na tha math mu dheidhinn dearbh-aithne chultarach na h-Alba air a chur an cèill cho fìor ealanta tro a chuid ciùil.”

Cinn-bhliadhna

Tha àireamh de **chinn-bhliadhna** cudromach gan comharrachadh aig Celtic Connections 2016 le sreath de choileanaidhean sònraichte.

Bho 1966, tha **Comann Òrain is Ciùil Traidiseanta na h-Alba** (TMSA) air a bhith a’ cuideachadh le bhith ag àrach agus a’ toirt taic do thàlantair ciùil gun choimeas na dùthcha. Tha Celtic Connections a’ toirt ùmhlachd dhaibh nuair a bhios **The Carrying Stream** aig **Cuirm Fosglaidh** na bliadhna seo, a’ comharrachadh na **50^{mh} ceann-bliadhna** aig an TMSA. Le stiùiriche ciùil **Siobhan Miller** aig an stiùir, bidh àireamh mhòr de rionnagan ciùil na h-Alba a’ tighinn còmhla air an oidhche fìor shònraichte seo, anns a’ **Phrìomh Sheòmar** ann an **Talla Rìoghail Ghlaschu** air **Diardaoin 14 Faoilleach**.

Ann an **Tallachan a’ Bhaile** air **Diciadain 20 Faoilleach**, bidh Celtic Connections a’ toirt ùmhlachd do **Aly Bain aig 70** nuair a chì **La Grande Anniversaire** an cluicheadair cliùiteach seo a’ coileanadh còmhla ri a cho-oibriche fad-ùine, **Phil Cunningham**, gus **30 bliadhna de choileanadh còmhla a chomharrachadh**.

An dèidh cho soirbheachail 's a bha iad o chionn ghoirid aig Froidhneas Dhùn Èideann, bidh na ceathrar Albannach **Bwani Junction** a' coileanadh **Graceland** gu h-iomlan, an t-albam clasaigeach aig **Pòl Simon**. Còmhla riutha air an àrd-ùrlar san **Old Fruitmarket** air **Disathairne 23 Faoilleach**, bidh ceathrar den luchd-ciùil a ghabh pàirt sa chiad chlàradh.

Cean glaichean Teaghlaich

Tha mòran chruthan air **Cean glaichean Teaghlaich**. Faodaidh e a bhith a' toirt ur cuid chloinne gun chiad chuir-chiùil aca no fàs suas agus a' caitheamh beatha ag èisteachd ri ceòl còmhla. Tha ceòl cuideachd anns an DNA co-roinnte aig mòran den luchd-ciùil aig Celtic Connections 2016. Gu litireil, do dhithis de ar luchd-ciùil air aoigheachd againn.

Dh'fhàs na peathraichean **Martha Wainwright** agus **Lucy Wainwright Roche** suas air leth bho chèile ach an dithis ann an teaghlaichean a bha air am bogadh ann an sgrìobhadh òrain. Tha iad a-nis a' coileanadh còmhla, leis a' chiad albam aca **Songs in the Dark** ga fhoillseachadh san t-Samhain. Am measg a' chiùil a bhios **Na Peathraichean Wainwright** a' coileanadh ann an **Tallachan a' Bhaile** air **Diluain 25 Faoilleach**, bidh òrain a bha a' cumadh an òige 's air an dèanamh ainmeil le leithid Woody Guthrie agus Jimmie Rogers, còmhla ri ceòl le am màthraichean, Kate McGarrigle agus Suzzy Roche, agus an athair, Loudon Wainwright III.

Bidh am buidheann Brooklyn Alt Rock **They Might Be Giants** na “fuamhairean càirdeil” nuair a bhios iad a' riochdachadh **coileanadh sònraichte tron latha don teaghlach air fad** air **Didòmhnaich 31 Faoilleach** anns an **O2 ABC**. Faodaidh an luchd-leantainn ciùil as bige agus an teaghlaichean tlachd a ghabhail à taisbeanadh spòrsail làn de fhuinn mhìorbhaileach agus èifeachdan speisealta air am bi cuimhne aca gu sìorraidh.

Tha an còmhlan naoinear **Anda Union** à Mongòilia A-staigh, cuid dhiubh fhathast a' còmhnaidh san dòigh thraidiseanta Mhongòilianach, far a bheil ceòl aig cridhe beatha teaghlaich. Thàinig an còmhlan gu chèile anns a' cholaiste chiùil ann an Hohhot, am prìomh bhaile aca. An sin, bha e comasach dhaibh cruthan traidiseanta fhilleadh a-steach – leithid an t-seinn sgòrnain aca a tha ainmeil a-nis – gu bhith a' cruthachadh fuaim a tha gu tur agus gu dìomhair Mhongòilianach ach le tarraing làidir do fhaireachdainnean an taobh an iar agus a chluinnear aig Celtic Connections air **Dihaoine 29 Faoilleach** ann an **Eaglais Mhic an Tòisich**.

Americana Ùr

Bidh cuid den tàlant **Americana Ùr** as brosnachaile an làthair agus a' lasadh suas Celtic Connections ann an 2016, luchd-ealain do bheil ceòl dùthchail, bluegrass agus tuath-cheòl na cheum air adhart do cheòl a tha gu tur agus gu follaiseach tùsail agus air leth.

Am measg an luchd-ciùil tha **Jason Isbell**, leis an albam mu dheireadh aige **Something More Than Free**, sa chiad àite airson a' chiad turas as t-samhradh anns na clàran ciùil dùthchail, roc agus tuath-cheòl aig Billboard. Tha e a' toirt a mheòrachaidhean onarach mu dhearbh-aithne dheasach agus beatha obrach chun na fèise air **Didòmhnaich 24 Faoilleach** anns an **O2 ABC**. Tha an sgrìobhadh-ciùil aig Iseabail a rugadh ann an Alabama, air iomradh gu bhith aig an ìre bhàrdachdail as àirde nuair a tha e air a labhairt gu sìmplidh.

Tha **Sturgill Simpson** a' cruthachadh cruthan-fuaimne ioma-dhathach is neo-shoilleir a tha a' gabhail a-steach eileamaidean de cheòl dùthchail clasaigeach, bluegrass, roc, agus fiù beagan Electronica. Chaidh an dàrna albam aige **Metamodern Sounds in Country Music** ann an 2014, a ghearradh beò gu teip ann an ceithir làithean às dèidh a chèile, le buidseat de \$4,000, agus brosnachaidhean a' sìneadh bho theacsaichean cràbhach, an dà chuid àrsaidh agus nuadh-aimsireil, sgrùdaidhean ùra mu nithean a lorgadh ann am fiosaig quantum is teòiridh sreanga, agus foillseachaidhean le Carl Sagan agus Terence McKenna. Oidhche Haoine a-muigh gu math diofraichte air **15 Faoilleach** san **O2 ABC**.

Bidh neach-ealain a tha air soirbheachadh deatamach is coimearsalta agus mòran duaisean a chosnadh an dèidh strì mhòr, a' toirt tlachd do luchd-èisteachd sa **Phrìomh Sheòmar** ann an **Talla Rìoghail Ghlaschu** air **26 Faoilleach**. Tha **John Grant**, a rugadh ann am Buchanan, Michigan, agus a chaidh a thogail ann am Parker, Colorado, air a bhith stèidhichte ann an Reykjavik, prìomh bhaile Innis Tìle, bho 2013. Tha an t-albam fìor làidir mu dheireadh aige, **Grey Tickles, Black Pressure**, a' dèanamh tuilleadh grinneachaidh agus a' suaineadh a-steach an dà phrìomh dhual den DNA ciùil aige, am bailead air a dheagh chumadh agus an t-òran pop teann, aotrom eileagtronaigeach.

Taistealachd

Le eisimpleirean cliùiteach mar Robert Johnston agus Woody Guthrie, tha an seinneadair taistealach, còmhla ri tursan iongantach air a bhith nan acairean clasaigeach ann an ceòl

dùthchail. Tha na tèaman sin gan rannsachadh às ùr aig Celtic Connections 2016 le sreath de choileanaidhean a' sgrùdadh **Taistealachd**.

Gheibh ath-mheòrachadh air *Hejira*, an t-albam aig **Joni Mitchell** bho 1976 le **Seumas Robasdan** fon tiotal *Taistealachd*, a' chiad choileanadh cruinneil aige air **Disathairne 16 faoilleach** ann an **Leabharlann Mitchell**.

Tha Mitchell ag ràdh mu *Hejira*: “Sgrìobh mi an t-albam agus mi a' siubhal tarsainn na dùthcha leam fhìn agus tha am faireachdainn an-fhoiseil seo a' ruith troimhe, aonaranachd milis ann an siubhal uaigneach.”

Thar nam bliadhnaichean on chuala Mgr Robasdan albam an toiseach a chuir dragh air agus a dh'fhuirich leis, thàinig òrain às air na rinn e cruth-atharrachadh na mhac-meanmhainn gu a bhith nan obraichean ùra, cuid sa chànan Albais. Thar ùine, ann am pàirt mar ùmhlachd, pàirt a' meòrachadh an turas-beatha cunbhalach a tha *Hejira* a' riochdachadh, thàinig *Taistealachd* gu bith.

Sna 1880an, chaidh bana-chroitear à Sealtainn, **Betty Mouat**, gu tuiteamach a siabadh air falbh leis an t-sruth aig muir agus chuir i seachad ochd làithean leatha fhèin mus deach a sguabadh gu tìr air cladaichean Nirribhigh. Thill i gu sàbhailte dhachaigh agus thug a turas iongantach cliù dhi a dh'fhàg i iomraiteach fad a beatha às dèidh sin. Bidh pìos ciùil, *Drift*, air a bhrosnachadh leis an sgeul fhìor seo, ga choileanadh air àrd-ùrlar ann an **Taigh-cluiche an Tron** air **Diciadain 20 Faoilleach**. Tha an Stiùiriche Ealanta, **Symon Macintyre**, a' cleachdadh chruthan-tìre agus suidheachaidhean gus faireachdainnean a bhith a' falbh leis an t-sruth agus nad aonar aig muir, ath-chruthachadh.

Cumadh Dhaoine ri Thighinn

An dèidh na tha sin de chuirmean is de choileanaidhean ann am prògram na fèise, bidh sinn air ar beò-ghlacadh le sreath de chuirmean-ciùil ann an **Taigh-grùide Drygate**, a' nochdadh cuid den tàlant ùr ciùil as fheàrr agus as dalma agus as beòthaile 's a gheibhear an àite sam bith air an t-saoghal, agus sinn a' comharrachadh **Cumadh Dhaoine ri Thighinn (The Shape of Folk to Come)**.

Am measg nan coileanaidhean tha **Blarvuster** aig **Matthew Welch**, measgachadh de chocheòltairean seòmair/còmhlàn roc. Anns a' cheòl àrd-aoibhneach dùrachdach aig Blarvuster, tha a' phìob mhòr, gamelan Balinese, lùghdachd, ocàidicheadh agus roc

a' tighinn gu chèile ann am fuaim ioma-inneachail agus ioma-shligheach. Cuir thu fhèin aig teis-meadhain na tha a' tachairt air **Dihaoine 22 Faoilleach**.

Tha a' chuirm-chiùil leis an **Aidan O'Rourke Trio** air **Disathairne 16 Faoilleach** a' solarachadh cothrom tearc air an fhìdhlear, sgrìobhaiche-ciùil is riochdaire Albannach **Aidan O'Rourke** fhaicinn, a choisinn cliù agus mòran duaisean gu h-eadar-nàiseanta. Cuideachd aithnichte mar thoradh air a chuid obrach le **Lau** agus **buannaiche Neach-ciùil Tuath-cheòl a' BhBC sa Bhliadhna 2014**, bidh an triùir a' coileanadh na h-obrach aon-neach aig O'Rourke, a' gabhail a-steach a' chiad choileanadh beò de cheòl bhon fhoillseachadh ùr aige **Imprint (EP 2.0)**, le Reveal Records.

Is e co-obrachadh cumhachdach a th' ann an **Cearcall Fuaime (Circle of Sound)** eadar **Soumik Datta** air an sarod 19-sreangan agus an drumair **Bernhard Schimpelsberger**. Neach-cruthachaidh a' chiad sarod eileagtronaigeach, tha Soumik a' cothlamadh chleasan giotàir le fonn Ìnnseanach, eileagtronaga agus drumma n bass gus saoghal fuaime measgaichte a chruthachadh a tha gu follaiseach leis fhèin, còmhla ri Schimpelsberger anns a' chuirm-chiùil seo air **Didòmhnaich 31 Faoilleach**, nach bu chòir dhuibh a chall.

San Traidisean

Tha traidiseanan pìobaireachd agus ceòl Gàidhlig aig cridhe Celtic Connections 2016.

Tha am Faoilleach 2016 a' comharrachadh dìreach beagan a bharrachd air deich bliadhna bho bhàs dhuilich a' phìobaire, **Gordon Duncan**, ach tha a bhuaidh bhrosnachail fhathast ri fhaireachdainn air feadh an t-saoghail Cheiltich. Tha an loidhne cuimhneachaidh is comharrachaidh sa chuirm-chiùil molaidh seo **Just for Gordon – Celebrating a National Treasure** air **Didòmhnaich 24 Faoilleach** ann an **Prìomh Sheòmar Talla Rìoghail Ghlaschu**, air a tharraing ri chèile leis a' chiad tidsear seannsair aig Duncan, Iain a bhràthair as sine agus a mhac Gòrdan òg.

Thathar gu bhith a' comharrachadh club a tha air gràdh do cheòl traidiseanta oideachadh agus a fhreumhachadh ann am mìltean de dhaoine òga thar nan leth-cheud bliadhna a dh'fhalbh, ga chomharrachadh le cuirm-chiùil san **Old Fruitmarket** air **Diciadain 20 Faoilleach**. Bidh **Oidhche Pìobairean Árd Mhacha** a' taisbeanadh cuid de na buill as iomraitiche sa chlub agus cuid de na còmhlain leis am bi iad a' coileanadh air feadh an t-saoghail, a' gabhail a-steach **Cillian Vallely** le **Lúnasa**, **Brian Finnegan** le **Flook** agus **Niall** is **Caoimhín Vallely** le **Buille**. Bidh a' phìob air a riochdachadh gu làidir leis a' bhall

stèidheachaidh, **Brian Vallely** a thuilleadh air **Tiarnán Ó Duinnchinn**, pìobaire is seinneadair **Barry Kerr** agus neach-còmhnaidh Ghlaschu, **Jarlath Henderson**.

Tha ceòl Gàidhlig air siubhal fada is farsaing agus air buaidh a thoirt air, agus air a bhith fo bhuidhe, mòran chultaran – gun gin aca nas motha na Aimeireaga a Tuath. Tha **Gàidhlig meets Gaelic Americana** a’ toirt còmhla dithis de na seinneadairean as grinne san dà thraidisean, **Gillebrìde Mac IlleMhaoil** agus **Kyle Carey**, airson an Seisean fhèin Tarsainn a’ Chuain Shiair ann an **Taigh-cluiche an Tron** air Didòmhnaich 24 Faoilleach.

Bidh cuirm-chiùil chudromach ann an **Eaglais Mhic an Tòisich** air **Dihaoine 22 Faoilleach**, air aoi gheachd bho Bhuidheann Ealain Ghàidhlig Ghlaschu, **An Lòchran**, a’ comharrachadh na dreuchd-beatha ciùil iomraiteach aig **Anna Latharna Nic’Illiosa**, aon den luchd-fèisteis as cliùitiche ann an Alba. Air an 10^{mh} ceann-bliadhna den fhoillseachadh air an leabhar iongantach aice, **Songs of Gaelic Scotland**, agus cuideachd a’ comharrachadh a 70^{mh} co-là-breith, thigibh còmhla ri Anna agus àireamh mhòr de na caraidean aice agus a teaghlach, airson taghadh farsaing bhon stòras mhìorbhaileach a th’ aice de dh’òrain Ghàidhlig, a thuilleadh air raon de sgeulachdan èibhinn bho thachartasan speisealta agus daoine còmhla ris a bheil i air a bhith air àrd-ùrlar thar nam bliadhnaichean.

An t-Seann Chaidreachas

Tha na ceanglaichean traidiseanta eadar Alba agus an Fhraing follaiseach am-bliadhna le sreath de chuirmean-ciùil a bhios a’ gabhail àite mar phàirt de Mhòr-thaisbeanadh Alba (Showcase Scotland), a’ comharrachadh an t-Seann Chaidreachais agus a’ cuideachadh le bhith ag adhartachadh cheanglaichean ciùil eadar ceòl Albannach agus ceòl is luchd-ciùil na Frainge.

Bidh an luchd-èisteachd sa **Theatre Royal** air **27 Faoilleach** agus **28 Faoilleach** air an toirt air turas tro shràidean Paris anns na 1950an. Taisbeanadh a tha ag innse na sgeulachd iongantach an lùib beatha agus dreuchd-beatha **Edith Piaf**. Tha **La Vie en Rose** a’ toirt sgeulachd Piaf chun an àrd-ùrlair tro cheòl clasaigeach Frangach agus taisbeanaidhean lèirsinn-claistinn gun choimeas, a tha a’ gabhail a-steach dhealbhan is ìomhaighean nach fhacas a-riamh roimhe den t-seinneadair, sgrìobhaiche-òrain is den bhana-chleasaiche chliùiteach Fhrangach. Tha an cleasaiche is seinneadair brosnachail òg, **Anne Carrere**, a’ gabhail a’ phrìomh phàirt sa choileanadh seo a choisinn cliù eadar-nàiseanta ann an 2015, an 100^{mh} ceann-bliadhna bho rugadh Piaf.

Tha dithis de rionnagan diàs na Frainge, **Vincent Peirani** is **Emile Parisien** air a thighinn còmhla gus còmhlan dithis diàs-seòmair ioma-aghaidheach a chruthachadh, a tha a' toirt ùmhlachd do dh'eachdraidh ceòl diàs is tuath-cheòl na dùthcha aca fhèin, ach aig an aon àm ga ghiùlain don latha an-diugh. Thigibh ga chluinntinn air **Diciadain 25 Faoilleach** ann an **St Andrews on the Square**.

Luchd-maoineachaidh is Luchd-taic

Airson gach nota a thèid a thasgadh ann an Celtic Connections le Comhairle Baile Ghlaschu, gheibhear £57 air ais gu buannachd Baile-mòr Ghlaschu.

Bha Suirbhidh Buaidh Eaconamach ann an 2014 le Culture Republic ag aithris nuair a chuirear an cèill tomhaisean de bhuidh air reic gnothachais a tha air a ghineadh le tachartas, tha Celtic Connections a' gineadh £10.7millean do Ghlaschu.

Tha inbheisteadh bho **Chomhairle Baile Ghlaschu** agus **Alba Chruthachail** a' cur taic ris a' bhuidh dhearbhadh a tha aig Celtic Connections air suidheachadh sòisealta, cultarach is eaconamach Ghlaschu agus Alba.

Tha **Culture Ireland**, am buidheann a tha cunntachail airson ealain Èireannach adhartachadh air feadh an t-saoghail, a' cur taic ri com-pàirteachadh bho chuid de nas fheàrr a tha a' tighinn am bàrr taobh ri taobh le luchd-ealain Èireannach aig fèis na bliadhna seo.

Tha an Luchd-compàirt Mheadhanan, an **Sunday Herald**, **Evening Times**, **The Herald** agus **Heraldscotland.com** a' leantainn air adhart a' solarachadh ro-shealladh mionaideach agus còmhach lèirmheasach air an fhèis. Tha na tiotalan a' solarachadh taic luachmhor don tàlant a tha a' tighinn am bàrr agus a' coileanadh aig Celtic Connections, leis an Sunday Herald a' cur taic ri dual coimiseanaidh **New Voices** aig an fhèis, agus an Evening Times a' cur taic ri **Danny Kyle Open Stage**.

Tha **ScotRail** air taic a thoirt do Celtic Connections bhon fhìor thoiseach, a' toirt luchd-ealain agus luchd-èisteachd bho air feadh Alba a Ghlaschu airson na fèise. **Tha sinn air leth toilichte ar n-urrasachd com-pàirteachas ùr siubhail le Caledonian MacBrayne, Hebrides agus Clyde Ferries, ainmeachadh.**

Tha am **BBC** air taic a thoirt do Celtic Connections bhon chiad bhliadhna den fhèis agus tha an fhèis toilichte co-obrachadh uair eile le **BBC Rèidio Alba**, **BBC Rèidio 2** agus **BBC Rèidio 3** a bhios uile a' craoladh beò tron fhèis.

Thuirt **Sharon Mair, Neach-deasachaidh Radio Music, Tachartasan is Com-pàirteachasan, BBC Scotland**: “Tha sinn air leth toilichte a bhith mar phàirt de Celtic Connections a-rithist agus am-bliadhna a bhith air ais san CCA air Sràid Sauchiehall ann an teis-meadhain baile Ghlaschu. Bheir sinn am prògram as motha de thachartasan bhon BhBC tarsainn 3 lìonraidhean Rèidio, Rèidio Alba, Rèidio 2 agus Rèidio 3, agus telebhisean BBC Scotland agus air-loidhne.

“Faodaidh sibh tlachd a ghabhail à còmhach farsaing air Celtic Connections tarsainn a’ BhBC air Rèidio, Telebhisean, i-player agus air-loidhne aig bbc.co.uk/celticconnections.”

Bidh tiogaidean airson nan tachartasan BBC a leanas uile an-asgaidh agus air an sgaoileadh Diluain 4^m Faoilleach 2016 air làrach-lìn Shows and Tours a’ BhBC – airson clàradh mu choinneamh ùr-fhiosrachadh, theirigibh gu

www.bbc.co.uk/showsandtours/tickets/<<http://www.bbc.co.uk/showsandtours/tickets/>

Deireadh

Airson tuilleadh fiosrachaidh, ìomhaighean, no airson agallamh iarraidh le aon sam bith de na coileanaidhean aig Celtic Connections 2016, cuiribh fios gu:

Brian Maycock

Email: Brian.Maycock@glasgow.gov.uk

Fòn: + 44 (0)141 287 5973 / + 44 (0) 7884 116 421

Gus barantachadh mheadhanan a shireadh, tadhailibh air:

<http://www.celticconnections.com/press-area/Pages/Online-Accreditation.aspx>

Nòtaichean do Luchd-deasachaidh

Tha Celtic Connections air adhartachadh le Glaschu Beò. Tha Glaschu Beò agus a bhrannan seirbheis (a lorgar aig www.glasgowlife.org.uk) nan ainmean obrachaidh de Chultar agus Spòrs Ghlaschu ("CSG"). Tha CSG na chompanaidh earranta le barantas, clàraichte ann an Alba le àireamh companaidh SC313851 agus a phrìomh oifis aig 220 Sràid

Àrd, Glaschu G4 0QW. Tha CSG clàraichte mar charthannas le oifis Riaghladair Carthannais na h-Alba (Àir. SC037844).

Is e buidheann poblach a th' ann an Alba Chruthachail, a' cumail taic ri ealain, sgriona agus gnìomhachasan cruthachail air feadh gach ceàrnaidh de dh'Alba, às leth gach neach a tha a' còmhnaidh, ag obair no a' tadhal an seo. Tha sinn a' comasachadh dhaoine agus bhuidhnean gu bhith ag obair ann agus a' cur eòlas air ealain, sgriona agus gnìomhachasan cruthachail ann an Alba, le bhith a' cuideachadh chàich gu bhith a' leasachadh sàr-smuaintean agus gan toirt gu bith. Tha sinn a' riarachadh maoin eachadh a tha air a sholarachadh le Riaghaltas na h-Alba agus an Crannchur Nàiseanta. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Alba Chruthachail, tadhailibh air www.creativescotland.com. Leanaibh sinn air [@creativescots](https://www.facebook.com/CreativeScotland) agus www.facebook.com/CreativeScotland